



A' Mhaighdeann-mhara

Gaelic oral tradition is full of stories of magical creatures like fairies, water horses, brownies, kelpies and so on. Particularly in islands and coastal communities, people will tell tales and sing songs about encounters with mystical creatures of the deep like mermen, mermaids and selkies. Creatures like these were believed to be shape shifters: they had the power to shed their fish or seal skins and become 'human' on land. However, even although they could inhabit our world on dry land, their souls belonged to the sea and they would always be drawn to return to their own kingdom beneath the waves. Stories tell of men and women who fell madly in love with selkies (seal folk), mermaids and mermen – such was their beauty and charm. But the only way they could keep their beloved on land was to steal the creature's skin. Without that, it was impossible for him or her to return to the sea.

Stories like **An t-iasgair agus a' mhaighdeann-mhara** can be found in many of the Celtic and Scandinavian nations.

The Gaelic term **maighdeann-mhara** (maiden of the sea) is translated as *mermaid* in English. Usually the term *mermaid* conjures up images of beautiful fish-tailed women. However, in Gaelic, **maighdeann-mhara** can refer to both a seal maiden (a selkie) and a fish maiden.



Obair 1

- Obraich ann am buidheann.
- Leugh an sgeulachd.
- Coimhead air na dealbhan.
- 'S dòcha gun leugh an tidsear an sgeulachd cuideachd.

Work in a group. Read the story and look at the pictures to help you follow the story. Your teacher might read the story too.

An t-iasgair agus a' mhaighdeann-mhara



O chionn fhada an t-saoghail, bha iasgair òg ann à Eilean Idhe. 'S e Fionnlagh Bàn MacCodrum an t-ainm a bh' air. Tràth air madainn samhraidh, bha Fionnlagh aig muir faisg air na creagan air Glas Eilean. Bha latha brèagha, grianach, ciùin ann. Bha iasgach a' còrdadh ri Fionnlagh gu mòr agus an-diugh bha e a' dèanamh glè mhath. Thòisich e a' seinn agus a' feadalaich fhad 's a bha e ag obair.

*Tha bean agam, tha taigh agam
Tha allt aig ceann an taigh' agam
Tha punnd de shiabann geal agam
'S mo lèine salach grànda.
Dè nì mi gun lèine gheal...?*




O chionn fhada
an t-saoghail
à Eilean Idhe
madainn samhraidh

Thòisich...
a' feadalaich
fhad 's a bha e

Once upon a
time
from Iona
a summer's
morning
started...
whistling
whilst he was

Gu h-obann, chuala e nighean a' seinn. Choimhead e mun cuairt, ach chan fhaca e càil. Bha a guth agus an t-òran cho brèagha. "Saoil cò tha a' seinn?" thuirt e ris fhèin.

An ath mhionaid, chunnaic e nighean a' suidhe air na creagan. Chan fhaca e riamh nighean cho brèagha rithe. Bha falt fada donn oirre agus sùilean mòra uaine aice. Anns a' bhad, bha fhios aig Fionnlagh gun robh e ann an gaol. Chan fhaca an nighean Fionnlagh. Bha i ann an saoghal leatha fhèin a' seinn agus a' plubadaich a casan anns an uisge. "Saoil cò às a tha i?" smaoinich Fionnlagh.



gu h-obann	suddenly
nighean	a girl
mun cuairt	around
a guth	her voice
Saoil	I wonder
An ath...	The next...
chan fhaca e riamh	he had never seen
nighean cho brèagha	such a beautiful girl
anns a' bhad	immediately
gun robh e ann an gaol	that he was in love
saoghal leatha fhèin	a world of her own
a' plubadaich	splashing
saoil	I wonder
smaoinich	thought

Chunnaic Fionnlagh bian ròin air creag ri taobh na h-ighne. "Dè fon ghrèin...?" thuirt e ris fhèin. Bha e a' tuigsinn a-nis cò às a bha i. Chan e nighean a bh' innte idir... Bha i a' buntainn ris na ròin. Bha i a' fuireach anns a' mhuir!

Chuala Fionnlagh tòrr sgeulachdan mu nigheanan mar seo ach chan fhaca e tè riamh. Air a shocair, shreap Fionnlagh air na creagan agus ann am prioba na sùla, ghoid e am bian. Bha an nighean fhathast a' seinn agus chan fhaca i Fionnlagh.

Leum e a-steach dhan bhàta, chuir e am bian am falach ann am bogsa agus dh'fhalbh e dhachaigh.



bian ròin	a seal fur
ri taobh na h-ighne	beside the girl
a' buntainn ris na ròin	a seal woman/a selkie
tè	one (female)
air a shocair	he quietly climbed
shreap	climbed
prioba na sùla	the blink of an eye
ghoid	stole
leum	jumped
chuir e am bian am falach	he hid the fur

Feasgar, chuir Fionnlagh aodach ann am бага agus chaidh e air ais dha na creagan air Glas Eilean. Bha an nighean fhathast ann. Ach, cha robh i a' seinn. Bha i a' caoineadh agus a' caoineadh, na suidhe air a' chreig – a cridhe a' briseadh.

"Hallò? Is mise Fionnlagh Bànn MacCodrum agus tha mi a' fuireach ann an Eilean Idhe," thuirt Fionnlagh rithe.

Choimhead an nighean air Fionnlagh. Bha an t-eagal oirre.

"Na biodh eagal ort," thuirt Fionnlagh. "Dè an t-ainm a th' ort?"

"Is ... m-m-m-mise Mara," fhreagair an nighean.

"Dè tha ceàrr?" dh'fhaighnich Fionnlagh (is fios glè mhath aige).

"Tha mo chòta air chall," thuirt Mara. "Chan urrainn dhomh a dhol dhachaigh." Thòisich i air caoineadh a-rithist.

"Cò às a tha thu? Càit a bheil do dhachaigh?" dh'fhaighnich Fionnlagh.

Cha do fhreagair Mara. Thòisich i air caoineadh a-rithist.

"Obh, obh, obh! Dè nì mi? Chan fhaigh mi dhachaigh a-nis!"

a' caoineadh	crying
a cridhe a' briseadh	her heart breaking
Na biodh eagal ort	Don't be afraid
fhreagair	answered
dh'fhaighnich	asked
is fios glè mhath aige	knowing full well
cha do fhreagair	didn't answer
Thòisich i air caoineadh.	She began to cry.

"Ist, ist, m' eudail. Bidh thu ceart gu leòr," thuirt Fionnlagh. "Thig còmhla riumsa agus coimheadaidh mise às do dhèidh."

"Ach chan urrainn dhomh," thòisich Mara.

"Is urrainn," thuirt Fionnlagh. "Seall!" Agus thug e am бага dhi.

"Dè tha seo?" dh'fhaighnich Mara.


"S e còta a th' ann," fhreagair Fionnlagh. "Cuir ort e."

Chuir Mara an còta oirre.

"Trohad a-nis," thuirt Fionnlagh. "Tha taigh agam. Bidh thu toilichte ann an Eilean Idhe. 'S e eilean beag càirdeil a th' ann."

Chaidh Mara dhachaigh còmhla ri Fionnlagh. Dè eile a bha i a' dol a dhèanamh?

Chaidh na bliadhnaichean seachad agus bha clann aca. Bha Fionnlagh cho toilichte ri rìgh. Bha gaol aig Mara air Fionnlagh agus an teaghlach, ach bha an cianalas mòr oirre cuideachd. Smaoinich i a h-uile latha air cò às a bha i.



às do dhèidh	after you
dhi	to her
toilichte	happy
seachad	past
bha clann aca	they had children
Bha gaol aig Mara air...	Mara loved...
air cò às a bha i	about where she came from



Aon fheasgar grianach, bha Fionnlagh a' peantadh a bhàta air an tràigh agus bha Anna, an nighean bheag aca, còmhla ris. Ruith Fionnlagh a-mach à peant agus chaidh e air ais dhan taigh.

"Bidh mi air ais ann an còig mionaidean, a ghràidh," thuir e ri Anna. "Fuirich an seo agus bi modhail!"

Shuidh Anna sìos anns a' bhàta agus chunnaic i bogsa beag. "Dè tha sin?" thuir i. Bha a sròn a' cur dragh oirre. Dh'fhosgail i am bogsa. Chuir i a làmh a-steach ann agus thug i an rud a-mach. Chan fhaca i riamh dad cho brèagha ris.

"Ò! Tha e àlainn!" thuir Anna. "Ach, dè th' ann?" Bha e gleansach, glas agus cho mìn ri sìoda.

An ath mhionaid, chuala i a h-athair a' tighinn. Dhùin i am bogsa agus cha tuirt i dad.

an nighean bheag aca their daughter
a-mach à out of
a ghràidh dear

Bha a sròn a' cur dragh oirre. She was nosy.
Thug i... She took...
Chan fhaca i riamh dad cho brèagha ris. She'd never seen anything so beautiful.
gleansach shiny
cho mìn ri sìoda as soft as silk
a h-athair her father

An oidhche sin, bha Anna agus a bràthair beag anns an leabaidh. Chuala Mara iad a' bruidhinn.

"Tha bogsa aig dadaidh air a' bhàta," thuir Anna ri a bràthair, Màrtainn. "Chan eil fhios aige ach choimhead mise ann. Chunnaic mi rud àlainn ann."

"Dè bh' ann?" dh'fhaighnich Màrtainn.

"Chan eil fhios agam ach bha e gleansach, glas agus cho mìn ri sìoda. Chan fhaca mi riamh rud cho brèagha..."

Sa mhionaid, bha fhios aig Mara dè bha anns a' bhogsa – an còta aice fhèin. Bha fhios aice dè bha i a' dol a dhèanamh. Bha i airson a dhol dhachaigh.



Thàinig Mara a-steach dhan rùm. "Istibh, a chlann! Dèanaibh cadal a-nis," thuir i, agus sheinn i òran dhaibh.

Nuair a bha a' chlann nan cadal, choimhead Mara orra agus bhris a cridhe.

Air a socair, dh'fhosgail i an doras agus ruith i sìos dhan tràigh. Leum i air bòrd a' bhàta agus dh'fhosgail i am bogsa. Bha i ceart. Bha e ann! Bha i cho toilichte, ach bha i uabhasach brònach cuideachd.

Choimhead Mara aon uair eile air an taigh, chuir i oirre a còta, leum i a-steach dhan mhuir agus ann am prioba na sùla, bha i air falbh.



Ach, an rud a thig leis a' ghaoith, falbhaidh e leis an uisge. Cha do thill Mara gu bràth gu tìr. Ach, 's iomadh oidhche a chuala daoine ann an Eilean Idhe ròn a' caoineadh air na creagan shìos faisg air an taigh aig Fionnlagh. Bha iasg na beul mar gun robh i a' biathadh a cloinne. Chun an latha an-diugh, bidh iasgairean às an sgìre sin ag ràdh gum bi iad uaireannan a' cluinntinn nighean a' seinn Òran na Maighdinn-mhara aig muir...

bha i airson a dhol dhachaigh she wanted to go home
Dèanaibh cadal... Go to sleep...
Air a socair she quietly
air bòrd on board
brònach sad
aon uair eile one more time
bha i air falbh she was gone

Ach, an rud a thig leis a' ghaoith, falbhaidh e leis an uisge. What comes on the wind, goes with the rain.
Cha do thill Mara gu bràth gu tìr Mara never returned to land
's iomadh oidhche na beul many's a night in her mouth
mar gun robh i a' biathadh a cloinne as if she was feeding her children
sgìre area
ag ràdh gum bi iad uaireannan a' cluinntinn say that they sometimes hear
Chun an latha an-diugh... To this day...



Obair 2

- Seinn an t-òran.

Sing the song together.



ORAN NA MAIGHDINN-MHARA

A-mach air bhàrr nan stuagh ri gaillinn
Fuachd is feannadh fad o thìr
Bha mo ghaol dhut daonnan fallain
Ged is maighdeann-mhara mi.

U-bha is na hoireann u bha
U-bha is na hoireann i
U-bha is na hoireann u bha
'S ann le foill a mheall thu mi.

Chan eil mo chadal-sa ach luaineach
Nuair bhios buaireas air an t-sìd'
Bha mi 'raoir an Coire Bhreacain
Bidh mi 'nochd an Eilean Idh'.

Seall is faic an grunn na fairge
Uamhan airgid 's òir gun dìth
Lainnreachd chan fhaca sùil e
Ann an cùirt no lùchairt rìgh.

Seumas Camshron – An Comunn Gàidhealach



Obair 3 Dè do bheachd?

- Dè do bheachd air an sgeulachd?
- Freagair na ceistean.
- Cuidichidh am bogsa Faclan feumail thu.

What do you think of the story? Give your opinion in Gaelic, by answering the questions below. The Faclan feumail box may help you.

- An do chòrd an sgeulachd riut?
- Dè do bheachd oirre?
- Dè do bheachd air na dealbhan?
- An do chòrd an t-òran riut?
- An do sheinn thu an t-òran?

Faclan feumail

chòrd ... rium	cha do chòrd ... rium	'S e sgeulachd ... a bh' innte.
Tha mi a' smaoinichadh	Chan eil mi a' smaoinichadh	nam bheachd
gu math	cho	uabhasach
caran	glè	idir
inntinneach	neònach	gòrach
gu mòr	snog	brònach



Obair 4

- Obraich ann am buidheann.
- Freagair na ceistean.

Work in a group. Answer the questions below.

- In your group, discuss everyone's opinions of the story.
- Do you think there is a moral message in the story? If so, what is it?
- Do you believe in creatures like mermaids/selkies? Give a reason for your answer.
- Do you know of any stories or songs about supernatural creatures where you are from?
- Share your stories with your group/class.